



OILTHIGH  
DHÙN ÈIDEANN

# Plana Gàidhlig 2025-2030



Gaelic Plan 2025-2030

[gaelic.ed.ac.uk](http://gaelic.ed.ac.uk)

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air-loidhne aig an URL gu h-àrd.  
Gheibhear ann an cruthan eile e cuideachd ma thèid seo iarraidh.

Conaltradh is Margaidheachd  
Oilthigh Dhùn Èideannh  
9-16 Chambers Street  
Edinburgh EH1 1HT

Post-d: [communications.office@ed.ac.uk](mailto:communications.office@ed.ac.uk)

**[www.ed.ac.uk](http://www.ed.ac.uk)**

Foillsichte le:  
Conaltradh is Margaidheachd, Oilthigh Dhùn Èideann

Dealbhan le:  
Mihaela Bodlovic, Ian Mackenzie, Andrew Perry agus  
Whitedog Photography

Tha còir-lethbhreac air a h-uile dealbh is ìomhaigh san sgrìobhainn seo agus chan fhaodar am foillseachadh gun chead. Chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo ath-foillseachadh gun chead sgrìobhte bho Oilthigh Dhùn Èideann.

© Oilthigh Dhùn Èideann 2024

Tha Oilthigh Dhùn Èideann na bhuidheann carthannais, clàraichte ann an Alba, leis an àireamh clàraidh SC005336.

*Bivalve Mural – Tidal Greens* (mion-dealbh) 2024

Dealbh-balla taidhlean Terrazzo air a dhèanamh le sligean-mara sgudail  
Air fhaighinn le Cruinneachadh Ealain Oilthigh Dhùn Èideann, 2024

Is e pròiseact Cooking Sections a th' ann am *Bivalve Murals – Tidal Greens*, air a dhèanamh fo fhrèam-obrach CLIMAVORE air an Eilean Sgitheanach, agus air a chruthachadh le Climavore Community Interest Company agus Joel Franklyn. Tha mac-samhail sgàthanaichte de *Tidal Greens* aig Raasay Community Trust, stàlaichte gu maireannach ann an Talla Coimhearsnachd Ratharsair.

Dealbh le Jordan Young agus le cead bho CLIMAVORE

# Clàr-innse

Facal-toisich 2

Ar Prionnsapalan airson na Gàidhlig 4

1. Teagasg agus Ionnsachadh na Gàidhlig 6

2. Rannsachadh agus Cruinneachaidhean 8

3. Coimhearsnachd na Gàidhlig 10

4. Gàidhlig air an Àrainn 12

5. Obair Com-pàirteachais 14

Buileachadh agus Sgrùdadh 16

Ar Coimhearsnachd 18

# Facal-toisich

Tha mi fìor thoilichte Plana Gàidhlig Oilthigh Dhùn Èideann 2025-2030 a chur air ur beulaibh. Ged nach eil ann an seo ach an treas Plana Gàidhlig againn, tha a' Ghàidhlig air a bhith na pàirt den sgeulachd againn aig Oilthigh Dhùn Èideann o chionn fhada. Stèidhich sinn a' chiad Chathair na Ceiltis ann an Alba ann an 1882 agus 's e an Comann Ceilteach, a chaidh a stèidheachadh ann an 1837, an comann oileanach as fhaide saoghal ann an Dùn Èideann.



Kim Graham,  
Pròbhaist an Oilthighe

Mar bhuidheann eadar-nàiseanta le ceangalan catharra gun samhail, tha sinn ag aithneachadh nan dleasan a th' oirnn a thaobh cleachdadh, ionnsachadh, agus faicsinneachd na Gàidhlig, aon de chànanan dùthchasach beò na h-Alba, a bhrosnachadh, gu h-ionadail, gu nàiseanta agus air feadh na cruinne. Tha sinn moiteil às an adhartas a rinn sinn thairis air an dà Phlana Gàidhlig a bh' againn roimhe, a' cur ri ar fòcas fhèin air Dleastanas Sòisealta agus Catharra mar a tha air a mhìneachadh nar Ro-innleachd 2030 agus ris na h-amasan nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba agus a' chomann chatharra agus an cànan a dhìon agus a bhrosnachadh. Tron sgrìobhainn seo, tha sinn a' toirt luaidh air sgrùdaidhean cùise agus sgeulachdan bho ar coimhearsnachd, a' sealltainn cuid de na prìomh gheallaidhean a choilean sinn thar nan deich bliadhna a dh'fhalbh mar phàirt den ro-innleachd Gàidhlig againn.

Ged a tha sinn moiteil às an adhartas a rinn sinn gu ruige seo, tha sinn mothachail gu bheil barrachd obrach a dhìth gus àm ri teachd na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte ann an Alba. Mar bhuidheann a tha air a bhith a' cur ri eòlas mun Ghàidhlig agus a cultar airson ùine mhòr, tha sinn làn dhealasach gus taic a thoirt do dh'oidhirpean ionadail is nàiseanta air sgàth a' chànan agus

tha sinn den bheachd gun urrainn do dh'Oilthigh Dhùn Èideann tabhartas gun samhail a dhèanamh sa chùis.

Togaidh sinn air na choilean sinn roimhe anns a' Phlana ùr seo le aire shònraichte air: cumail suas rannsachadh aig ìre cruinne agus teagasg is ionnsachadh ùr-ghnàthach a bheir taic agus brosnachadh don Ghàidhlig; ar sàr thasglannan agus cruinneachaidhean Gàidhlig a dhìon agus a dhèanamh ruigsinneach; coimhearsnachd ghnìomhach àrach de luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air na làraich againn agus air na taobh a-muigh; agus, ìomhaigh agus mothachadh air a' Ghàidhlig a thogail air feadh an Oilthighe.

Tha am plana seo na fhianais air na tha an t-Oilthigh a' dèanamh agus àite na Gàidhlig a dhaingneachadh ann an Alba agus beatha ar luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a dhèanamh nas saìdhbhire, a bharrachd air an iomadh oileanach agus neach-obrach eile againn, le bhith a' cruthachadh barrachd chothroman a bhith a' cleachdadh no a' dol an sàs anns a' chànan agus a cultar.

Tapadh leibh airson an ùine a ghabhail gus am plana seo a leughadh, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ribh.



# Ar Prionnsapalan airson na Gàidhlig

Còig prionnsapalan a fhreumhaicheas a’  
Ghàidhlig ann an cleachdadh an Oilthighe.

1. Leanaidh sinn oirnn a’ lìbhrigeadh, ag adhartachadh, agus a’ leudachadh ar cothroman airson ionnsachadh fad-beatha mu chànan is cultar na Gàidhlig, agus a’ toirt taic do theagasg aig an Oilthigh.
2. Bidh sinn ag adhartachadh agus a’ dèanadh nan sàr chruinneachaidhean Gàidhlig againn, agus gan dèanamh ruigsinneach, agus bheir sinn brosnachadh is taic do rannsachadh Gàidhlig aig an Oilthigh.
3. Bidh sinn a’ brosnachadh agus ag àrach coimhearsnachd thaiceil agus ghnìomhach de luchd-labhairt na Gàidhlig aig an Oilthigh agus san sgìre mun cuairt.
4. Cleachdaidh sinn dòigh-obrach thar-oilthighe gus piseach a thoirt air faicsinneachd, cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig thar ar n-àrainnean.
5. Cumaidh sinn oirnn a’ sireadh chothroman airson obair com-pàirteachais agus ag adhartachadh an Oilthighe mar ionad airson cleachdadh, teagasg agus rannsachadh na Gàidhlig.

Tha sreath de gheallaidhean nam bunait aig gach aon de na còig prionnsapalan nar Plana Gàidhlig.



*Cèilidh a’ Chomainn Cheiltich airson  
Seachdain Gàidhlig Dhùn Èideann,  
ann an Greyfriars Charteris Centre.*

## 1. Teagasg agus Ionnsachadh na Gàidhlig

### Prionnsapal

Leanaidh sinn oirnn a' libhrigeadh, ag adhartachadh, agus a' leudachadh ar cothroman airson ionnsachadh fad-beatha mu chànan is cultar na Gàidhlig, agus a' toirt taic do theagasg aig an Oilthigh.

### Geallaidhean

- Tog air ar cliù mar ionad sàr-mhathais aithnichte ann an eòlas Ceiltis is Gàidhlig agus lean air adhart a' tabhann ar ceum ann am Foghlam Bun-sgoile le Gàidhlig, a tha cudromach gu nàiseanta, do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich.
- Leasaich agus leudaich molaidhean airson cothroman bogaidh taobh a-staigh no an cois ar prògraman ceuma Gàidhlig, a' gabhail a-steach rannsachadh cothrom airson dian-sgoil-shamhraidh a leasachadh còmhla ri solaraichean foghlaim àrd-ìre eile.
- Adhartaich agus leudaich na cothroman againn airson cùrsaichean Gàidhlig taobh a-staigh ar solar Cànan dha na h-Uile, a' toirt cothroman don phoball, don luchd-obrach againn agus do dh'oileanaich a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.
- Thoir brosnachadh, taic, agus aithne do dh'oileanaich a choileanas an cuid obrach tro mheadhan na Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic do dh'oileanaich le feumalachdan ionnsachaidh a bharrachd mar a dh'fheumar.
- Rannsaich roghainnean airson slighean agus leasachaidhean Gàidhlig tarsainn roinn na Ceiltis is Eòlas na h-Alba agus ann am foghlam thidsearan.
- Leasaich agus leudaich ar com-pàirteachas le sgoiltean agus colaistean ann an Dùn Èideann agus air feadh na dùthcha, le amas sealltainn dè as urrainn don Oilthigh a thabhann do dh'oileanaich aig a bheil Gàidhlig agus dhaibhsan aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

*Rona Wilkie a' teagasg na Gàidhlig air cùrsa goirid aig Ionad an Fhoghlaim Fhosgailte.*



### Gàidhlig aig Ionad an Fhoghlaim Fhosgailte

Tha cùrsaichean Gàidhlig nar prògram Cànanan dha na h-Uile aig Ionad an Fhoghlaim Fhosgailte (IFF) fosgailte do luchd-obrach, oileanaich agus buill den phoball. Tha ar solar Gàidhlig a' sìor leudachadh le clasaichean a-nis rim faighinn aig ìretòiseachaidh, bunasach agus eadar-mheadhanach agus bunasach. Ann an 2023, stèidhich IFF cùrsa "Cleachd i: Tilleadh don Ghàidhlig" dhaibhsan a b' àbhaist a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig, ge bith an ann san sgoil, san obair no sa choimhearsnachd, agus a tha airson tilleadh chun chànan. Bheir an cùrsa cothrom do dhaoine a b' àbhaist a bhith nan luchd-labhairt an eòlas air a' chànan a leudachadh agus misneachd ath-thogail ann an cleachdadh na Gàidhlig.

## 2. Rannsachadh agus Cruinneachaidhean\*

### Prionnsapal

Bidh sinn ag adhartachadh agus a' dìon nan sàr chruinneachaidhean Gàidhlig againn, agus gan dèanamh ruigsinneach, agus bheir sinn brosnachadh is taic do rannsachadh Gàidhlig aig an Oilthigh.

### Geallaidhean

- Cuir taic ri agus cuir air adhart cruinneachaidhean Gàidhlig speisealta agus cudromach gu h-eadar-nàiseanta an Oilthighe, gu sònraichte: tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, anns a bheil mìltean de chlàran-fuaim sa Ghàidhlig; leabhraichean clò-bhuailte agus tasglannan Gàidhlig tearca, a' gabhail a-steach Cruinneachadh MhicIlleMhìcheil-MhìcBhàtair a tha aithnichte le UNESCO; nìthean Gàidhlig is Ceiltis cudromach eile anns na Cruinneachaidhean Dualchais; agus, an fharsaingeachd de stuthan leabharlainn againn.
- Dèan cinnteach gu bheil tasglannan is cruinneachaidhean Gàidhlig an Oilthighe ruigsinneach do dh'oileanaich agus luchd-obrach, a' gabhail a-steach a bhith a' leudachadh cothrom fiosaiageach air na tasglannan, agus a' tabhann chothroman do mhuinntir a' phobaill a dhol an sàs sna cruinneachaidhean.
- Brosnaich agus cuir a' Ghàidhlig air adhart ann an rannsachadh a-staigh agus a-muigh, a' gabhail a-steach lìbhrigeadh sreath cunbhalach de cho-labhairtean agus coinneamhan rannsachaidh.
- Leasaich lìonra rannsachaidh thar-Oilthigh air a' Ghàidhlig gus tuilleadh co-obrachaidh a bhrosnachadh eadar roinnean agus Sgoiltean.
- Rannsaich cothrom air dreuchd a stèidheachadh aig ìre dhotaireil no iar-dhotaireil airson sgrùdadh a dhèanamh air eachdraidh na Gàidhlig aig an Oilthigh agus air feadh baile mòr Dhùn Èideann.

\* Tha cruinneachaidhean a' gabhail a-steach cruinneachaidhean an Oilthighe de dhualchas agus stuthan tasglainn, gu sònraichte na clàraidhean claisneachd, stuthan litreachais, bhidio agus dealbhan a tha ann an tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, pròiseact MhicIlleMhìcheil-MhìcBhàtair (Coll-97), agus leabhraichean clò-bhuailte agus stuthan tasglainn tearca anns na Cruinneachaidhean Dualchais, a' gabhail a-steach an fheadhainn aig Leabharlann na Colaiste Ùire.

*Alan Bruford, Margaret Bennett agus oileanaich a' dèanamh agallamh le seanchaidh Duncan Williamson.*

*Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, ref. AB, MB, Students & DW (IM Coll).  
Neach-dhealbh: Ian Mackenzie*



### Inntleachd fhuadain na Gàidhlig

Ann an 2022, thòisich luchd-rannsachaidh aig Oilthigh Dhùn Èideann air pròiseact co-obrachail àrd-amasach le Oilthigh Ghlaschu agus BBC ALBA, air a mhaoinachadh le Rìghaltas na h-Alba. 'S e amas a' phròiseict sàr shiostam ùr-nodha fo-thiotalan agus tar-sgrìobhadh guth a chruthachadh airson na Gàidhlig. Gus seo a dhèanamh, tha an sgioba a' cleachdadh teacsa agus stuth claisneachd bho Thasglann Sgoil Eòlais na h-Alba aig Oilthigh Dhùn Èideann agus Tasglann Didseatach na Gàidhlig (DASG) ann an Glaschu gus modalan ro-innse cànan is fuaimneach a leasachadh airson na Gàidhlig. Le bhith a' cruthachadh siostam aithneachadh cainnt fèin-obrachail àrd-inbhe airson nam meadhanan, foghlam agus rannsachadh, cuidichidh am pròiseact le bhith a' toirt seasamh don Ghàidhlig san linn dhidseataich.

### 3. Coimhearsnachd na Gàidhlig

#### Prionnsapal

Bidh sinn a' brosnachadh agus ag àrach coimhearsnachd thaiceil agus ghnìomhach de luchd-labhairt na Gàidhlig aig an Oilthigh agus san sgìre mun cuairt.

#### Geallaidhean

- Cuir air adhart, leasaich, agus thoir taic don iomairt Ar Fàrdach gus an urrainn do dh'oileanaich aig a bheil Gàidhlig an cànan a chleachdadh gach latha san dachaigh aca.
- Leasaich siostam taice cho-oileanach do dh'oileanaich aig a bheil Gàidhlig no a tha ag ionnsachadh Gàidhlig ann an Taigh Mhoireibh, Ceiltis is Eòlas na h-Alba, agus Ionad an Fhoghlaim Fhosgailte.
- Obair ann an com-pàirteachas le buidhnean oileanach, a' brosnachadh barrachd cleachdadh is faicsinneachd na Gàidhlig ann an togalaichean is gnìomhan Comann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann, agus cùm suas ar dlùth dhàimh le agus thoir taic do ghnìomhan Comann Ceilteach Oilthigh Dhùn Èideann.
- Leasaich cothroman bogaidh Gàidhlig dhaibhsan aig a bheil Gàidhlig no a tha ga h-ionnsachadh gus an urrainn dhaibh dàimhean a thogail tro mheadhan na Gàidhlig.
- Cùm suas agus lean air adhart a' brosnachadh sgeama an Sgrìobhadair Ghàidhlig air Mhuinntireas.
- Rannsaich agus leasaich cothroman airson oileanaich is luchd-obrach a bhrosnachadh agus a chuideachadh gus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh gu h-ionadail, gu nàiseanta agus air feadh na cruinne tro sgeama Duais Ghàidhlig Dhùn Èideann no sgeama Tosgaire na Gàidhlig.
- Cleachd na meadhanan sòisealta, cuairt-litrichean, agus na duilleagan Gàidhlig air làrach-lìn an Oilthighe gus mothachadh mun Ghàidhlig a bhrosnachadh agus a thogail air feadh an Oilthighe agus sa choimhearsnachd san fharsaingeachd.
- Thoir cothrom do ar ceumnaichean aig a bheil Gàidhlig dlùth dhàimh a chumail ris an Oilthigh.



*A' chiad Sgrìobhadair Gàidhlig air Mhuinntireas againn, Màrtainn Mac an t-Saoir, ag innse sgeul aig Guid Crack, oidhche nan sgeulachdan, air a chumail le Ionad Nàiseanta nan Sgeulachdan airson Seachdain na Gàidhlig.*

#### Sgrìobhadair Gàidhlig air Mhuinntireas

Air a stèidheachadh ann an 2022, tha sgeama Sgrìobhadair Gàidhlig an Oilthigh ag amas air sgrìobhadh sa Ghàidhlig a bhrosnachadh agus a chur air adhart air feadh an Oilthighe agus nas fhaide a-muigh. Tha an dreuchd a' toirt cothrom do sgrìobhadairean obair chruthachail a leasachadh rè na h-ùine dà bhliadhna aca agus a bhith ag obair còmhla ris an luchd-obrach againn, oileanaich, agus a' choimhearsnachd ionadail gus sgrìobhadh a bhrosnachadh tro bhùthan-obrach agus tachartasan. Chaidh an t-ùghdar, bàrd, agus sgeulaiche cliùiteach, Màrtainn Mac an t-Saoir, ainmeachadh mar a' chiad Sgrìobhadair Gàidhlig air Mhuinntireas aig an Oilthigh ann an 2022.

#### 4. Gàidhlig air an Àrainn

##### Prionnsapal

Cleachdaidh sinn dòigh-obrach thar-oilthige gus piseach a thoirt air faicsinneachd, cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig thar ar n-àrainnean.

##### Geallaidhean

- Lìbhrig am Plana Gàidhlig seo, air a stiùireadh leis an Oifigear Gàidhlig le taic bho Bhuidheann-obrach a' Phlana Gàidhlig.
- Cùm oirnn a' cur air adhart cleachdadh suaicheantas Gàidhlig an Oilthige agus rannsaich an roghainn airson suaicheantas dà-chànanach.
- Solaraidh agus cuir air adhart goireas airson barrachd faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig ann an siostaman an Oilthige agus air làrach-lìn an Oilthige.
- Cleachd a' Ghàidhlig ann an cuirmean fàilte is ceumnachaidh.
- Taisbean soidhnichean is sgrìonaichean fàilte sa Ghàidhlig agus cuir air adhart cleachdadh na Gàidhlig ann an soidhnichean dà-chànanach air togalaichean ùra agus ath-leasaichte an Oilthige.
- Deasaich cunntas aig àrd-ìre san Oilthigh air cleachdadh, ionnsachadh agus teagasg na Gàidhlig, a' gabhail a-steach suirbhìdh luchd-obrach agus oileanaich air na comasan Gàidhlig aca.
- Lean air adhart a' cumail agus a' cur ri stuthan Gàidhlig ann am bùth Oilthigh Dhùn Èideann.

*Luchd-amhairc a' cabadaich ro Chuir air Bhog "A' Ruith Eadar Dà Dhràgon" le Màrtainn Mac an t-Saoir ann an 50 Ceàrnag Sheòrais.*



##### Cearcallan Còmhraidh

Tha na cearcallan còmhraidh Gàidhlig againn a' tabhann chothroman neo-fhoirmeil do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho air feadh Dhùn Èideann agus an t-saoghail a thighinn còmhla agus a' Ghàidhlig a chleachdadh. Tha an cearcall còmhraidh cunbhalach againn Diardaoin fhathast ag obair air-loidhne, a' cur fàilte air luchd-labhairt na Gàidhlig bho cho faisg ri Lìte, Liberton agus Leòdhas agus cho fada air falbh ri Melbourne, Toronto agus Buenos Aires. Bidh an t-Oilthigh cuideachd a' cumail cearcall còmhraidh Gàidhlig aghaidh ri aghaidh tron teirm ann an co-obrachadh le Capital Gaelic, a' toirt àite coinneachaidh do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san sgìre agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann.



## 5. Obair Com-pàirteachais

### Prionnsapal

Cumaidh sinn oirn a' sireadh chothroman airson obair com-pàirteachais agus ag adhartachadh an Oilthighe mar ionad airson cleachdadh, teagasg agus rannsachadh na Gàidhlig.

### Geallaidhean

- Dèan cinnteach gum bi Seachdain na Gàidhlig ann an Dùn Èideann soirbheachail ann an co-obrachadh le Comhairle Baile Dhùn Èideann agus lìonra Capital Gaelic.
- Obair le com-pàirtichean air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh gus tachartasan ciùil is cultarail Gàidhlig a thabhann gu cunbhalach do luchd-obrach, oileanaich, agus a' choimhearsnachd ionadail, a' gabhail a-steach obair leis a' Chomunn Ghàidhealach gus leantainn air adhart a' cumail Fèis Cuimhneachaidh Iain MhicLeòid aig an Oilthigh.
- Lean air adhart a' toirt taic do, agus a' gabhail pàirt ann an lìonra Capital Gaelic agus ag obair le buidhnean Gàidhlig eile ann an Dùn Èideann gus Gàidhlig a chur air adhart sa bhaile.
- Obair còmhla ri com-pàirtichean gus greisean gnìomhachais Gàidhlig pàighte a leasachadh agus adhartachadh do na h-oileanaich againn.
- Obair còmhla ri Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann gus taic a thoirt don iomairt gus ionad Gàidhlig a stèidheachadh sa bhaile.
- Lean air adhart ag obair le oifigearan agus roinnean Gàidhlig oilthighean is colaistean eile gus guth Foghlam Àrd-ìre is Adhartaich a cho-òrdanachadh air cùisean a tha cudromach don Ghàidhlig.
- Co-òrdanaich na tha an t-Oilthigh a' cur ri poileasaidh poblach agus deasbad cultarail na Gàidhlig.
- Stèidhich conaltradh cunbhalach le ionadan mheadhanan Gàidhlig gus gnìomhachd Ghàidhlig aig an Oilthigh a shanasachd.

*A' cluich Scrabble Gàidhlig aig Ionad Pop Up, air a chumail le Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann ann an co-bhonn le Capital Gaelic, Comhairle Baile Dhùn Èideann, agus an Oilthigh, An Gearran.*

### Seachdain Gàidhlig Dhùn Èideann

Air a stèidheachadh ann an 2014, tha Seachdain Gàidhlig Dhùn Èideann na chomharrachadh air cànan, cultar agus coimhearsnachd na Gàidhlig anns a' bhaile. Le tachartasan a' gabhail a-steach filmichean, cuairtean coiseachd, agus taisbeanaidhean ioma-chànanach de sgeulachdan, òrain is bàrdachd, tha Seachdain Gàidhlig Dhùn Èideann air a cumail leis an Oilthigh ann an co-obrachadh le Comhairle Baile Dhùn Èideann agus Capital Gaelic, agus bidh i a' ruith aig an aon àm ri Seachdain Ghàidhlig an t-saoghail, a chaidh a stèidheachadh ann an 2021.

'S e pròiseact ùr innleachdach a th' ann an Capital Gaelic a' toirt còmhla buidhnean ionadail is nàiseanta air feadh Dhùn Èideann, a' gabhail a-steach Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, agus Comunn na Gàidhlig, gus a' Ghàidhlig a chur air adhart sa bhaile.

# Buileachadh agus Sgrùdadh

Thèid am Plana Gàidhlig seo a lìbhrigeadh thar 2025-2030 agus, mar phlana thar-Oilthighe, bidh e ag iarraidh air a' bhuidhinn air fad cumail ris na geallaidhean seo.

Bidh an t-uallach iomlan air Buidheann Obrach a' Phlana Ghàidhlig (BOPG) airson a' phlana seo a bhuileachadh agus bheir iad taic agus stiùireadh don Oifigear Ghàidhlig, air am bi uallach airson a bhuileachadh bho latha gu latha.

Leis an Leas-stiùiriche – Dàimhean Luchd-ùidhe anns a' chathair, tha am BOPG air a dhèanamh suas de riochdairean bho thaobhan acadaimigeach agus seirbheisean proifeasanta an Oilthighe, agus tha riochdaire ann bho Chomann Oileanach Oilthigh Dhùn Èideann.

Bidh am BOPG, an uair sin, ag aithris air adhartas leis a' Phlana Ghàidhlig don Chomataidh Seasmhachd agus Uallaich Chatharra is Shòisealta (no a' chomataidh iomchaidh a thig às a dèidh) gach bliadhna, no mar a thèid iarraidh.

Gus amasan a' phlana seo a thoirt gu buil, nì sinn cinnteach gu bheil goireasan agus maoineachadh iomchaidh ann airson na geallaidhean a choileanadh, a' gabhail a-steach dreuchd Oifigear Gàidhlig a chumail a' dol agus rannsachadh dè an stòras a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith riatanach gus taic a thoirt don obair aca agus do na geallaidhean san fharsaingeachd.

Fhad 's a bhios na prionnsapalan anns a' phlana seo gan cumail seasmhach, freagraidh sinn feumalachdan ùra mar a thig iad am follais agus leasaichidh sinn ar n-obair mar a dh'fheumar.

Leanaidh sinn oirnn a' sgrùdadh agus ag adhartachadh geallaidhean a' phlana seo agus bidh sinn cunntachail don luchd-obrach againn, do na h-oileanaich agus don choimhearsnachd ionadail. Gus an t-amas seo a choileanadh, nì sinn na leanas:

- Foillsichidh sinn am plana seo gu farsaing am measg luchd-obrach agus oileanaich. Thèid plana buileachaidh nas mionaidiche a leasachadh agus thèid seo a chleachdadh leis an fheadhainn le dleastanasan buileachaidh.
- Nì sinn sgrùdadh air ballrachd am BOPG gus dèanamh cinnteach gum bi riochdachadh bho phrìomh luchd-ùidhe an sàs ann an lìbhrigeadh a' phlana seo. Thèid fiosrachadh agus fios conaltraidh buill an BOPG fhoillseachadh.
- Cleachdaidh sinn na dòighean conaltraidh Gàidhlig sònraichte againn gus ar gnìomhachd agus adhartas air ar Plana innse don luchd-obrach, oileanaich agus a' choimhearsnachd.
- Nì sinn measadh air buaidh ar pròiseactan agus ar geallaidhean le bhith a' cumail sùil air àireamhan frithealaidh is com-pàirteachaidh aig tachartasan Gàidhlig, cothroman ionnsachaidh is trèanaidh, agus gnìomhachd mheadhanan sòisealta, agus dòighean measaidh eile mar a thèid a shònrachadh sa phlana buileachaidh.



*Cuairt Ghàidhlig ann an Dùn Èideann le Invisible Cities, Seachdain Ghàidhlig Dhùn Èideann.*

# Ar Coimhearsnachd


**Mirin**  
Oileanach, Ceiltis

Chuir mi romham ceum ann an Ceiltis a dhèanamh às dèidh dhomh Gàidhlig a thaghadh mar chùrsa a bharrachd. Dh'fhosgail a' Ghàidhlig mòran chothroman dhomh. Tha mi air a bhith nam phàirt dhen Chomann Cheilteach fad trì bliadhnaichean, agus, a-nis, is mise an Ceannard. Tha mi cinnteach gum bi Gàidhlig na pàirt mhòr nam bheatha às dèidh an Oilthighe. Tha obair Ghàidhlig agam an-dràsta agus tha mi airson cumail orm ag obair ann an saoghal na Gàidhlig san àm ri teachd.



**Kyriakos**  
Ball na coimhearsnachd

Thòisich mi a' dol gu Cearcall Còmhraidh a stèidhich Sgoil Eòlas na h-Alba o chionn fhada, agus tha mi fhathast a' leantainn orm leis air-loidhne. Nuair a stèidhich Màrtainn Mac an t-Saoir Buidheann Sgrìobhaidh, mar Sgrìobhadair Gàidhlig air Mhuinntireas, 's e cothrom air leth a bh' ann. Bha e cho cuideachail agus brosnachail. Rinn mi mòran adhartais air dàin air an robh mi a' smaointinn rè ùine fhada. Tha na cothroman seo prìseil gu h-àraidh do luchd-ionnsachaidh.



**Jonathan**  
Ceumnaiche, Foghlam le Gàidhlig

Bha Gàidhlig na pàirt mhòr de mo chùrsa agus chòrd na h-òraidean Gàidhlig rium gu mòr. On Oilthigh, thòisich mi ag obair mar Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig aig carthannas nàiseanta. Ma tha thu ag iarraidh obair ann an saoghal na Gàidhlig, tha an t-uabhas de chothroman ann. Thug na seirbhisean aig an Oilthigh agus tachartasan sa choimhearsnachd, leithid Bothan Dhùn Èideann, buaidh mhòr orm agus air mo mhiann gus barrachd Ghàidhlig ionnsachadh.



**Hanna**  
Neach-obrach

Tha mi nam Chomhairliche Oileanach airson a' phrògram MA ann am Foghlam Bun-sgoile le Gàidhlig. Ann an 2024, thòisich mi ag ionnsachadh Gàidhlig aig Ionad an Fhoghlaim Fhosgailte. Tha mi a' faireachdainn tòrr nas ceangailte ris a' phrògram Foghlam Bun-sgoile le Gàidhlig agus tha mi air a bhith comasach air taic nas fheàrr a thoirt don luchd-obrach agus na h-oileanaich aige. Bha e uabhasach math cuideachd ceangal a dhèanamh ri co-obraichean eile aig a bheil Gàidhlig air feadh an Oilthighe. 'S e mo phlana cumail orm ag ionnsachadh gus am bi mi fileanta!

